

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 11 | 2012 | AN T-SAMHAIN

## Facal Toisich

Nuair a bha a' sgrìobhadh seo cha robh cumhachd an dealain againn. Tha gaoth mhòr ann agus a rèir coltais 's e sin a dh'adhbhraich an gearradh. Tha sinn air a bhith ceithir uairean an uaireadair gun teas agus gun solas. Tha sin 'na dhuilgheadas mòr do dhaoine, gu h-àraidh feadhainn a tha air an cuingealachadh rin dachaighean, a tha an crochadh air cumhachd an dealain.

Ann an suidheachadh mar seo, cleas iomadh cùis nar beatha làitheil, tha e glic a bhith ullaichte. Chùm sinne aon teine fosgailte anns an taigh agus tha braidseal againn ann an-dràsda a tha gar blàthachadh. Tha dòigh eile againn air biadh a theasachadh a bharrachd air dealan agus mar sin nì sinn an gnothach. Cheannaich sinn lampaichean bataraidh a tha deiseil mura till an cumhachd roimh chiaradh an fheasgair.

Aig aon àm nuair a thigeadh trioblaidean mar seo bhiodh daoine, gu sònraichte a-muigh air an dùthaich, a' dèanamh cinnteach gu robh biadh agus blàths aig na nàbaidean. A bheil an spiorad sin cho nochdte an-diugh? Anns an Fhaoilleach nuair a bha eilean beag grunn làithean gun chumhachd ri linn na stoirm thadhail an dotair air gach dachaigh far an robh seann daoine a' fuireach 'nan aonar le botal teth airson na leapa.

Tha còir againn a bhith a' cur luach air na goireasan a tha aig mac an duine nar latha-ne, ach bu chòir dhuinn cuideachd a bhith air ar faiceall gun a bhith ro-mhòr an urra riu. Tha beannachdan ann nach dealaich rinn a dh'aindeoin dè a dh'fhaodas tachairt anns an t-saoghal mun cuairt oirnn.

**Le deagh dhùrachd don luchd-leughaidh,  
Ruairidh MacLeòid**



Seo Eaglais a' Chlachain air a' Chomraich a thogadh ann an 1817 air làraich far an robh taigh-adhraidh co-cheangailte ri Maol Rubha cho fada air ais ris an t-seachdamh linn. Ged nach eil adhradh Sàbaid air a chumail gu cunbhalach anns an t-seann eaglais seo an-diugh, bidh pòsaidhean, seirbheisean tiodhlacaidh agus seirbheisean cuimhneachaidh air an cuartachadh innte. Tha an cladh timcheall air eaglais a' Chlachain. Tha eaglais na sgìre a tha air a cleachdadh an-diugh mu dhà mhìle gu leth air falbh o Eaglais a' Chlachain. Tha an seann togalach ann am fìor dheagh shuidheachadh. (An dealbh: Sine NicLeòid.)

## Cùil Nan Ceist

Anns a h-uile taigh tha an doras cudthromach, airson daoine a leigeil a-steach, airson fuachd a chumail a-mach. An turas seo tha sinn a' togail cheist mu àiteachan anns a' Bhìoball far a bheil dorsan air an ainmeachadh. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Cò a chuala Peadar a' bualadh doras a' gheata? (Gnìomharan, caibideil 12.)
2. Lìon a' bheàrn: "Glèidh doras mo -----." (Salm 141.)
3. Cò a dh'fhosgail dorsan a' phrìosain? (Gnìomharan, caibideil 5.)
4. Dè an leud a bha ann an doras an teampail? (Eseciel, caibideil 41.)

# Searmon Beag

*Pòl, seirbheiseach Iosa Crìosd.* (Litir nan Ròmanach 1:1.)

Tha sia deug de chaibideilean anns an litir a sgrìobh Pòl chun nan Crìosdaidhean anns an Ròimh. Anns an litir seo tha an t-abstol a' togail iomadh cuspair a bhuineas don chreideamh. Tha diadhaireachd agus feallsanachd anns na caibideilean seo a chumas cnuasachadh ris an luchd-leughaidh. Ach tha an litir a' tòiseachadh le ceithir faclan a tha a' coimhead simplidh on taobh a-muigh, ged a tha doimhneachd anna nuair a nì sinn rannsachadh orra.

Tha grunn ainmean aig Pòl air fhèin 'na litirichean. Is toigh leis an tiodal *abstol*. 'S e a tha ann an *abstol* neach a tha air a chur a-mach ann an ainm Chrìosd agus le ùghdarras Chrìosd.

Tha Pòl cuideachd ag ràdh gur e *teachdaire* a tha ann, teachdaire airson Chrìosd. Anns an t-seagh seo 's e teachdaire cuideigin a tha a' riochdachadh an rìgh no na ban-rìgh. Tha e a' labhairt as leth an rìgh.

Ach an seo agus ann an litir nam Philipianach 's e ainm eile a tha aig an *abstol* air fhèin, *Pòl, seirbheiseach Iosa Crìosd*.

A-nis feumar sùil mhionaideach a thoirt air an fhacal seo, *seirbheiseach*. 'S e a tha am facal a' ciallachadh an seo ach *tràill*. Bha e tric a' tachairt ann an eachdraidh a' chinne-daonna, agus tha e fìor mu cuid de dhùthchannan fhathast, gu robh daoine a' call an saorsa agus bha iad ann am braighdeanas aig cuideigin eile. Bidh daoine a' cumail an co-chreutairean fo dhaorsa.

Bhiodh tràilleann air an reic agus air an ceannach, ach cha robh nàire sam bith air Pòl a bhith ga fhàicinn fhèin mar neach a chaidh a cheannach le Iosa, a Mhaighistir. *Cheannaicheadh le luach sibh*, tha e a' sgrìobhadh gu Crìosdaidhean Chorintuis. Bha iad an toiseach 'nan tràilleann don pheacadh, 'nan seirbheisich aig dòigh-beatha a bha millteach. Ach chaidh an cur saor. Agus bu mhòr a' phrìs a chaidh a phàigheadh airson an t-saorsa sin a cheannach. Chì sinn a' phrìs do-labhairt sin nuair a choimheadas sinn ris a' cheann-cheusaidh.

Nuair a tha cuideigin air a reic mar tràill, chan ann leis fhèin a tha e tuilleadh. Tha an duine a cheannaich e air sealbh a ghabhail air. Bha Pòl ag aithneachadh nach b'ann leis fhèin a bha e. B'ann le Crìosd a bha e a-nis. Ach b'e seo an rud iongantach. Cha robh e

riamh cho saor agus a bha e nuair a rinneadh e 'na sheirbheiseach, 'na tràill, ann an seirbheis Chrìosd.

Nuair a bha duine 'na tràill aig neach eile, cha robh còraichean sam bith aige tuilleadh. Sin mar a bha na tràilleann ann an Amaireaga. Bha iad mar na h-ainmhidhean. Ach bha Pòl, seirbheiseach Iosa Crìosd, ga fhàicinn fhèin mar neach aig an robh còraichean mòra. Tre Chrìosd bha còir aige air mathanas a bha iomlan. Ann an Crìosd bha coir aige air beatha a bha sìorraidh. Ann an Crìosd bha còir aige air co-chomann ri Dia.



**Aig deireadh na Sultain rinneadh ceangal eadar coitheanal Dhiùra agus coitheanalan ann an Ile – Cill Ma' Ruibhe ceangailte ri Cill Daltain agus an Odha. Air an làimh dheis tha an t-Oll. Urr. Rob Barlow a bhios 'na mhinistear air Diùra a bharrachd air na coitheanal ann an Ile. Ri thaobh tha Moderàtor Clèir Earra Ghàidheal, Mgr. Dòmhnall MacFhionghain, a bha air ceann na seirbheis ann an Diùra. Ri taobh a' Mhoderàtor tha an t-Oll. Urr. Ruairidh MacLeòid, Fear-deasachaidh nan Duilleagan Gàidhlig. Air an làimh dheis tha an t-Oll. Urr. Coinneach Ros, a tha 'na mhinistear air sgrì fharsaing, Cràganais, ceangailte ri Cill Bhrainn agus Chill Chatain, ceangailte ri Cill an Inbhir agus Cill Mhealaird. Thug an t-Oll. Ros searmon freagarrach seachad aig an t-seirbheis.**

## Leabhraichean

Bha sùil aig an Fhear-dheasachaidh sgrùdadh a dhèanamh air an leabhar seo bho chionn deagh ùine. Ach chaidh an leth-bhreac a bha aige air chall, agus lorg e e am measg gnothaichean gàrraidh ann an sead air cùl an taighe, gun fhios dè a dh'fhàg an sin e.

Bha e toilichte gun do lorg e a-rithist e, oir 's e leabhar cudthromach agus luachmhor a tha seo. Chan eil e saor, ach is math as fhiach e a h-uile sgillinn den phrìs. 'S e leabhar mòr a tha ann le còrr is seachd ceud gu leth duilleag.

Tha Micheal Robson air rannsachadh domhainn agus farsaing a dhèanamh air eachdraidh muinntir Hirt, roimh àm Chalum Chille agus na làithean mu dheireadh a bha sluagh air an eilean. Chan eil aithisg no pàipear no leabhar mu Hiort anns nach do rinn e cladhach agus tha am fiosrachadh a tha e a' toirt am follais cinnteach. Aig teis-meadhan na h-eachdraidh tha an eaglais, na

**St. Kilda**

**Church, Visitors and 'Natives'**

**(Micheal Robson. The Islands Book Trust. £35)**

teachdairean a bha stèidhichte air an eilean, agus feadhainn a thadhail ann le facal an t-Soisgeil. Tha fiosrachadh mionaideach againn mu na sgrìobhadairean a thug iomradh seachad air beatha Hirt agus dòigh-beatha nan Hiortach. Tha àite sònraichte ga thoirt do na cuairtean a ghabh Dòmhnallach na Tòisidheachd gu Hiort eadar 1822 agus 1830. Tha clàr-innse aig deireadh an leabhair a bheir cuideachadh dhuinn ann a bhith a' lorg nan daoine agus nan cuspairean air a bheil an t-ùghdar a' sgrìobhadh le eòlas agus tuigse.

Chaidh iomadh leabhar a sgrìobhadh mun eilean iomallach seo agus mu na daoine a bha beò ann. Nam biodh againn ris na trì a b'fheàrr a thaghadh, tha fios gum biodh an leabhar sgoilearach aig Micheal Robson air fear aca. Chan eil cuspair a bhuineas do bheatha nan Hiortach nach lorgar an seo.

# Sgiathan na Maidne

Ma thèid thu a-steach do sheann eaglais na Comraich 's e a' cheud nì a ghlacas d'aire dàn brèagha leis an Urr. Calum Laing, a bha 'na mhinistear anns an sgìr eadar 1917 agus 1926, nuair a ghluais e gu Uibhist a Deas. Rugadh Mgr. Laing ann an Uibhist a Tuath ann an 1888. Mar a bha fìor mu mhòran mhinistear Gàidhealach, chaidh e gu àrd-sgoil Cheann a' Ghiùthsaidh. Bha e anns a' Cheud Chogadh. Bha e fad fichead bliadhna, o 1947 gu 1967, 'na mhinistear ann an Alanais.

Tha an dàn seo 'na dhearbhadh air cho deas-bhriathrach agus a bha Mgr. Laing mar bhàrd, mar a bha e mar shearmonaiche, gu seachd àraidh ann an Gàidhlig. Bhiodh an laoidh seo freagarrach mar ùrnaigh-mhaidne – bhiodh am ministear fhèin ga cleachdadh anns an dòigh seo.

*Moch fosgailte m'uinneag gach madainn,  
Steach thigeadh soillse do ghràis';  
Sèid d'anail gu cùbhraidh mum chagailt  
A' fadadh fann-shradaig gu blàths;  
Sguab ùrlar falaichte m'inntinn  
O gach smùr, o gach smal agus sgleò;  
Siab bharr mo spioraid gach duibhre  
Chuireadh eislean no airsneal air m'fheòil.*

*Air m'àrd-doras 's air mo dhà ursainn  
Cuir seul' agus comharra gràidh;  
O m'àrd-bhuinn buin tubaist is tuisleadh,  
Cùm mo dhachaigh o easbhaidh 's o phlàigh;  
Air gach cuirean is gnìomh agus dleasnas  
Cuir sùrd agus spionnadh 'nam làimh;  
O mhoch-thràth gu ciaradh an fheasgair  
Saor o rag-leisg gach alt agus cnàimh.*

*Leig do ghrian fo mo chabair,  
Suain gach maide le òr;  
Cuir aoigh air gach aghaidh,  
Lìon gach cridhe led threòir:  
Mun tog dealt na h-oidhche bharr machair,  
Mun tig caismeachd o ghob gach eòin,  
Mosgailleadh mo rosg rid mhaise;  
Cluinneadh mo chlaisneachd do cheòl.*

*Air a' mhodh seo nì mi tagradh,  
Togail fuinn an glasadh là:  
Dia 'nam bhruidhinn 's 'nam smaointinn,  
Dia 'nam chridhe 's 'nam shaothair;  
Dia mòr nam Flaitheas Naomh  
Air mo thoiseach 's ri mo thaobh,  
Chum mo ghèidheadh 's mo sheòladh.  
Mo shìor chobhair 's mo bhuan shòlais –  
'N-diugh, a-màireach, 's gu bràth.*



Anns an t-Sultain chuir am Fear-deasachaidh seachdain seachad ann an Loch Carann agus anns na ceàrnaidhean timcheall air. Ghabh e an cothrom tadhal air an t-seann chladh agus seasamh aig an uaigh aig an Urr. Lachlainn MacCoinnich, ministear cho iongantach agus a bha beò air a' Ghàidhealtachd. Rugadh Maighistir Lachlainn air taobh sear Rois ann an 1754, agus fhuair e bàs ann an Loch Carann far an robh e 'na mhinistear foghainteach o 1782 gu 1819. Bha meas air mar fhàidh 'na latha agus rinn an teachdaireachd aige làrach air iomadh beatha. Chaidh cuid de na searmoinean aige, leithid *An Ròs o Shàron*, a chur ann an clò. Cha robh eagal air a ghuth a thogail an aghaidh nam fuadaichean.

## Gàidhlig Shìmplidh

**Ceann-teagaisg airson a' mhios seo:** "O thugaibh buidheachas don Tighearna." Tha na faclan sin ann an Leabhar

nan Salm. Ma leughas sinn an còigeamh salm thar a' cheud (Salm 105) tha na faclan sgrìobhte anns a' cheud rann. Gu tric anns na sailm tha an salmadair a' moladh Dhè. Tha na faclan seo tric aig Pòl anns an Tiomnadh Nuadh – "Buidheachas do Dhia." Anns a h-uile suidheachadh bha an t-abstol a' faicinn adhbhair airson a bhith a' toirt taing do Dhia.

**Ma bhios mi a' tadhal air eaglais bidh mi a' cur cuairt air a' chladh, ma tha cladh faisg air an eaglais. Nuair a bha sinn air a'**

Chomraich anns an t-Sultain, chuir mi cuairt air a' chladh. Tha mi a' smaoinneachadh gum faca mi barrachd Gàidhlig sgrìobhte air na lic na chunnaic mi ann an cladh sam bith eile air a' Ghàidhealtachd. Chì sinn "Gus am bris an latha" no "Is mise an aiseirigh agus a' bheatha" air clachan-uaighe. Tha na faclan sin a' labhairt ris a h-uile duine aig a bheil Gàidhlig a tha a' dol seachad.

**Seanfhacal airson a' mhios seo:** "Cha mhol duine a sheud 's e aige." (A man does not praise his jewel while he has it.)

Tha iomadh rud ann, agus cha chuir sinn luach orra gus an caill sinn iad. Cha tuig sinn cho luachmhor agus a tha ar slàinte gus an caill sinn i. Cha tuig sinn cho luachmhor agus a tha sith gus an tig cogadh. Cha tuig sinn cho luachmhor agus a tha solas no bhàth gus an tig dorchedas agus fuachd.

**Tha iomadh adhartas air tighinn air an t-saoghal anns na bliadhnan a dh'fhalbh. Tha cuimhne againn air àm nuair nach**

robh e furasta siubhal eadar na h-eileanan. Bheireadh e ùine mhor a' dol às na h-eileanan gu tìr-mòr. Cha robh na bàtaichean cofhurtail. Ach an-diugh tha na bàtaichean-aiseig nas motha agus nas luaithe. Bho chionn ghoirid bha mi air a' bhàta ùr a tha a' ruith eadar tìr-mòr agus Ile. Tha i mòr agus tha i luath. Tha cofhurtachd innte nach robh anns na seann bhàtaichean. Chuireadh e iongnadh air ar n-athraichean a bhith a' faicinn mar a tha goireasan-siubhail a' tighinn air adhart.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.  
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

## Thall 's a-Bhos

### AIR AN ATH MHIOS

A' coimhead air adhart ris an Dùbhlachd bidh sinn a' smaoineachadh gu sònraichte air teachdaireachd na Nollaig, mar a rinneadh am Facal 'na fheòil agus a rinn e còmhnaidh nar measg. Bidh searmon, laoidhean agus sgrìobhaidhean eile co-cheangailte ris an Nollaig. Tha sinn an dòchas gum bi seirbheisean Nollaig ann an Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd agus anns na bailtean mòra.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist co-cheangailte ri dorsan a chuir sinn oirbh air an luchd-leughaidh an duilleig aghaidh. 1. Ròda. 2.....bhilean. 3. Aingeal an Tighearna. 4. Deich làmhan-coille.

### RANN

*Fàilte, fàilte, dh'aon Mhac Dhè,  
Thug E buaidh a-mach leis fhèin,  
Seas fo bhrataich, sgaoil an sgeul,  
Cuir an crùn air rìgh nam buadh.*

Seo rann ann an dàn le Seumas MacThòmais, a' cheud bhàrd a chaidh a chrùnadh aig Mòd Nàiseanta. Chaidh an laoidh seo a sheinn aig seirbheis-fhosglaidh a' Mhòid ann an Dùn Omhainn anns an Dàmhair. Chaidh Mgr. MacThòmais a thaghadh mar bhàrd ann an 1923. Ann an 1953 thàinig leabhar a-mach leis a' bhàrdachd aige, leis an ainm, *Fasgnadh*.

### A' SGAOILEADH NAIDHEACHD

Tha còir againn a bhith fo fhiachan do Ràdio nan Gàidheal airson a bhith ag innse gu cunbhalach mu na seirbheisean Gàidhlig a bhios air an cumail air feadh Alba. Tha eaglaisean ann far a bheil seirbheis Ghàidhlig a h-uile Sàbaid, agus ar beannachd aca. Tha e math a bhith a' cluinntinn mu adhradh Gàidhlig o àm gu àm ann an ceàrnaidhean eadar-dhealaichte.

### TOGAIL AN FHUINN

Tha e 'na thlachd agus 'na ùrachadh a bhith ag èisteachd ri sailm Ghàidhlig air an togail anns an t-seann dòigh aig seirbheisean air an ràdio. Tha e math a bhith a' cluinntinn luchd-togail am fhuinn nach eil beò an-diugh ach aig an robh alt ann a bhith a' stiùireadh coitheanail gu ceòlmhor. Ciamar a nì sinn cinnteach nach tèid an dòigh seinn seo air

dìochuimhne? Aig a' Mhòd Nàiseanta tha co-fharpais ann do dh'inbhich ann a bhith a' cur a-mach an fhuinn. A bharrachd air sin bha co-fharpaisean ann don òigridh cuideachd.

### ADHBHAR GAIRE

Anns na seann làithean bha ministear anns na h-eileanan a bhiodh uaireannan a' dol caran iomrall nuair a bha e ann an teis-meadhan searmoin. An turas a bha seo bha e ag innse mun fhàilte bhlàth a fhuair am mac stròdhail o 'athair nuair a thill e dhachaigh. "Chuir e brògan air a làmhan agus fàinne air a chasan; seadh, chuir e brògan air a làmhan agus fàinne air a chasan."

## Urnaigh

A Dhè nan ginealach,  
air a' mhìos seo  
agus sinn a' cumail cuimhne  
air na leig sìos am beatha  
ann an seirbheis na rìoghachd,  
tha sinn a' toirt taing dhut  
airson na sìth agus na saorsa  
a tha againne an-diugh  
mar thoradh air na dh'fhuiling  
feadhainn eile.  
Tha sinn gad mholadh  
airson a liuthad beannachd a tha againn  
air sàilleabh  
na rinn Crìosd air ar son.  
Amen

**An dealbh air an aghaidh:  
Chan eil mòran eaglaisean  
anns na h-Eileanan an Iar  
a tha cho eireachdail ri eaglais  
Chille Mhoire ann an Uibhist-a-Tuath.  
Thogadh eaglais na sgìre  
ann an 1893.**